

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at [rodny.maclean@bbc.co.uk](mailto:rodny.maclean@bbc.co.uk). This is Litir 575. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 271 corresponds to Litir 575.*

An cuala sibh riamh mun rud ris an canar *Seachd Cadalaichean an t-Saoghail*? Ann am Beurla canaidh iad *The Seven Sleepers of the Earth*. Seachd Cadalaichean an t-Saoghail. Thàinig an gnothach **gu m’ aire** o chionn ghoirid ann an leabhar mun Mhonadh Ruadh anns a bheil seann sgrìobhaidhean aig an eòlaiche-nàdair, Seton Gordon. Bha bodach a bha seo na stalcaire anns a’ mhonadh. Latha a bha seo bha e cuide ri Gordon agus dh’fhaighnich e dheth gu dè bha anns na Seachd Cadalaichean.

Gu mì-fhortanach chan eil an còmhradh gu lèir air a chlàradh agus cha do rinn Gordon liosta de na Seachd Cadalaichean. ’S e an aon fhear a chaidh ainmeachadh eun beag ris an canar *a’ bhrù-gheal*. ’S e *wheatear* no *stonechacker* a chanas daoine ris ann am Beurla. Ach ’s dòcha gun robhar a’ ciallachadh *a’ chlacharain* no *stonechat*.

Bha am bodach Gàidhealach dhen bheachd gun robh a’ bhrù-gheal a’ cur seachad a’ gheamhraidh le bhith a’ faighinn **cadal na feòraig** no **cadal a’ gheamhraidh**. Thuirt e ri Gordon gum fac’ e an t-eun seo a’ tighinn a-mach à toll anns an talamh as t-earrach. Feumaidh gun robh an t-eun dìreach a’ dùsgadh às dèidh a’ gheamhraidh.

Uill, cha robh Gordon ag aontachadh ris idir. Bha fianais làidir ann, sgrìobh e, gum bi a’ bhrù-gheal a’ geamhrachadh ann an tìrean cèin agus a’ tilleadh a Bhreatainn as t-earrach. Chan e “cadalaiche” a th’ ann idir.

Bha mi airson faighinn a-mach dè na creutairean eile a bh’ air an tomhas anns an t-seann aimsir mar Sheachd Cadalaichean an t-Saoghail. Rinn mi beagan rannsachaidh air a’ chuspair. Ma tha sibh eòlach air fèilltean nan Eaglaisean Crìosdail, ’s dòcha gum bi fios agaibh gun robh Fèill nan Seachd Cadalaichean ann aig an àm seo dhen bhliadhna – air an t-seachdamh latha fichead (27) dhen Iuchar.

Bha an fhèill sin stèidhichte air tachartas ann an Ephesus, a tha an-diugh san Tuirc, timcheall na bliadhna 250 AC. Bha seachdnar fhear òga ann an Ephesus a bha nan Crìosdaidhean. Dhiùlt iad adhradh a dhèanamh do dh’ìomhaigh mar a dh’iarr an t-Ìmpire orra. Theich iad gu uamh anns na beanntan. Ach dh’òrdaich an t-Ìmpire beul na h-uamha a dhùnadh, agus na fir na broinn.

Bha dùil gun robh an seachdnar air bàs fhaighinn. Ach anns a’ bhliadhna ceithir cheud, seachdad ’s a naoi (479) AC, bhris tuathanach a-steach don uaimh. Fhuair e a-mach nach robh na fir marbh. Bha iad dìreach air a bhith nan cadal. Nuair a chaidh iad a dh’Ephesus chunnaic iad gun robh Crìosdachd air a bhith buadhach agus bha iad air leth toilichte. Chomharraich an Eaglais an gnothach mar mhìorbhail.

Cha d' fhuair mi a-mach a bheil ceangal sam bith ann eadar an traidisean Crìosdail agus na bha bodach a' Mhonaidh Ruaidh a' ciallachadh. Bha esan a' bruidhinn air seachd creutairean a tha a' cur seachad a' gheamhraidh nan cadal mus èirich iad às ùr as t-earrach. Ach carson a thathar a' tomhas gu bheil seachd ann? Chan eil mi cinnteach.

Co-dhiù, fhuair mi fiosrachadh mun chùis co-cheangailte ri cànan a tha gu math dlùth ris an tè againn fhèin – Gàidhlig Eilean Mhanainn. Agus innsidh mi dhuibh dè th' anns na Seachd Cadalaichean Manainneach an ath-sheachdain.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** a' dùsgadh: *awakening*; fianais: *evidence*; as t-earrach: *in spring*; san Tuirc: *in Turkey*; mìorbhail: *miracle*; Eilean Mhanainn: *The Isle of Man*.

**Abairtean na Litreach:** Seachd Cadalaichean an t-Saoghail: *The Seven Sleepers of the Earth*; leabhar mun Mhonadh Ruadh anns a bheil seann sgrìobhaidhean aig an èdlaiche-nàdair: *a book about the Cairngorms in which there are old essays by the naturalist*; bha bodach a bha seo na stalcaire: *this particular old guy was a stalker*; latha a bha seo bha e cuide ri: *one day he was with*; chan eil an còmhradh gu lèir air a chlàradh: *the entire conversation is not recorded*; 's dòcha gun robhar a' ciallachadh X: *perhaps X was meant*; gum fac' e an t-eun seo a' tighinn a-mach à toll: *that he saw this bird coming out of a hole*; a' geamhrachadh ann an tìrean cèin: *overwintering in foreign lands*; fèilltean nan Eaglaisean Crìosdail: *the festivals of the Christian Churches*; air an t-seachdamh latha fichead dhen Iuchar: *on the 27<sup>th</sup> of July*; seachdnar fhear òga: *seven young men*; dhiùlt iad adhradh a dhèanamh do dh'ìomhaigh mar a dh'iarr an t-Ìmpire orra: *they refused to worship an image as the Emperor demanded of them*; dh'òrdaich an t-Ìmpire beul na h-uamha a dhùnadh, agus na fir na broinn: *the Emperor ordered the mouth of the cave to be blocked, with the men inside*; nach robh na fir marbh: *that the men were not dead*; air a bhith nan cadal: *had been asleep*; gun robh Crìosdachd air a bhith buadhach: *that Christianity had been victorious*; mus èirich iad às ùr as t-earrach: *before they arise anew in spring*; gu math dlùth ris an tè againn fhèin: *very close to our own [language]*.

**Puing-chànain na Litreach:** *The English word hibernate appears to be a 19<sup>th</sup> Century creation based on Latin, and I'm not clear as to what word would have been used in earlier times. The Gaelic phrases cadal na feòraig and cadal a' gheamhraidh employ the same word we use for "sleep" but cadal can also mean "slumber" or "lethargic condition". Cadalach can mean "drowsy" or "lethargic" in addition to "sleepy" – an accurate enough description of a hibernating animal (although the squirrel is perhaps not a true hibernator). Seachd Cadalaichean an t-Saoghail might be translated as the Seven Sleepers of the Earth but perhaps it's just as accurate to call them the Seven Hibernators of the Earth (even though the avian species on the list don't actually hibernate but fly off to Africa!)*

**Gnathas-cainnt na Litreach:** Thàinig an gnothach **gu m' aire**: *the matter came to my attention*.

*Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le MG ALBA*